

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Màiri NicEalair (2)

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,394. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 1,090 corresponds to Litir 1,394. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Bha mi ag innse dhuibh mu Mhàiri NicEalair, a bhana-bhàrd Abrach. Ann an ochd ceud deug, seasgad 's a sia (1866), roghnaich i a dhol a dh'fhuireach air bòrd soitheach an duine aice – an *Glencoe*. 'S e **soitheach beag a bh' innte**, le sgioba de chòignear.

Bha i a' fuireach air bòrd airson deich bliadhna, a' seòladh fad is farsaing. Chuir i seachad dà bhliadhna, gun aon oidhche air tìr. Feumaidh nach robh e furasta aig amannan, ach ghabh Màiri an cothrom a bhith ri sgrìobhadh, an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla. Bha i fìor chomasach mar sgrìobhadair de rosg agus bàrdachd anns an dà chànan.

Tha a bàrdachd ag innse dhuinn gun do chòrd e rithe an soitheach a bhith fo shiùil anns a' chuan far nach fhaiceadh i tìr. Ach aig amannan bhiodh i ag ionndrainn dùthaich a h-àraich ann an Loch Abar. Ann an aon dàn rinn i coimeas eadar Loch Abar agus na dùthchannan a chunnaic i anns an Roinn Eòrpa:

'S bhon a dh'fhàg mi tìr mo ghaoil,
Gur h-ioma taobh 'bha m' fhalbhan,
Bhon t-Suain, 's Lochlann, 's an Òlaind,
An Fhraing mhòr 's a' Ghearmailt,
Cha shàsaich am brèaghad mo shùil,
Ged 's plùranach no garbh iad,
'S mi 'cuimhneachadh d' fhallain sa Chèitean
Le 'seudan a' deàlradh.

Mus do cho-dhùin i dhol a dh'fhuireach air bòrd, bha Màiri stèidhichte air tìr-mòr fhad 's a bha an duine aice aig muir. Math dh'fhaodte gur e sin a ghluais i gu dàn ainmeil a sgrìobhadh – *Am Maraiche 's a Leannan*. Anns a' chiad rann, 's e an seòladair a tha a' bruidhinn. Tha e a' gabhail fòrladh air tìr, ach tha an cuan ga tharraing air ais:

O 's mairg tha 'n-diugh feadh garbhlaich
'S ri falbhan am measg fraoich,
Is gathan grèin gu h-òr-bhuidh
A' dòrtadh air gach taobh;

Gum b' fheàrr a bhith air bàrr nan tonn
Air long nan cranna caol,
'S a' faicinn nan seòl ùra
Ri sùgradh anns a' ghaoith.

Anns an dàrna rann, tha a leannan ga fhreagairt. Chan eil i fhèin toilichte gum bi esan air falbh am measg nan stuagh:

*O, fhleasgaich òig, gur gòrach leam
Do chòmhradh anns an uair,
An fhraoch-bheinn ghorm ga samhachadh
Ri gleanntan glas a' chuain;
'S gur tric is adhbhar caoinidh leam
A h-aon dhan tug mi luaidh,
Bhith às mo shealladh fad air falbh
Air bhàrraibh garbh nan stuagh*

Ged a bha gràdh aig Màiri air a' Ghàidhealtachd, bha i cuideachd measail air Dùn Èideann. Sin far an do phòs i – anns an Eaglais Shaoir ann an ochd ceud deug, caogad 's a còig (1855). Bha a màthair-chèile a' ruith taigh-aogheachd anns a bhaile. Agus nuair a bha i air fòrladh air tìr, bhiodh Màiri a' dol a Dhùn Èideann far an d' fhuair i eòlas air luchd-labhairt agus luchd-taice na Gàidhlig. Fhuair i eòlas gu sònraichte air a' Phroifeasair Iain Stiùbhart Blackie a' bha a' coiteachadh airson Cathair Cheiltis ann an Oilthigh Dhùn Èideann.

Nuair a chaochail a màthair-chèile, ghabh Màiri thairis an taigh-aogheachd. Dh'fhàg i beatha a' mharaiche air a cùlaibh. Agus dh'fhàg i a beatha mar bhean do dh'Iain air a cùlaibh cuideachd. Cha robh a pòsadh ga toileachadh agus chuir i roimhe fuireach ann an Dùn Èideann agus bith-beò a dhèanamh le a cuid sgrìobhaidh.

* * * * *

Faclan na Litreach: Màiri NicEalair: *Mary MacKellar*; bana-bhàrd Abrach: *Lochaber poetess*; maraiche: *mariner*; leannan: *sweetheart*; taigh-aogheachd: *guest house*; a màthair-chèile: *her mother-in-law*; Cathair Cheiltis: *Chair of Celtic*.
Abairtean na Litreach: chuir i seachad dà bhliadhna, gun aon oidhche air tìr: *she spent two years without a single night on land*; fìor chomasach mar sgrìobhadair de rosg agus bàrdachd: *extremely competent as a writer of prose and poetry*; gun do chòrd e rithe an soitheach a bhith fo shiùil: *that she enjoyed the vessel being under sail*; anns a' chuan far nach fhaiceadh i tìr: *in the ocean where she couldn't [wouldn't] see land*; gur h-ioma taobh 'bha m' fhalbhan: *my travels have been in many places*; cha shàsaich am brèaghad mo shùil: *their beauty does not satisfy my eye*; ged 's plùranach no garbh iad: *though they be flowery [i.e. gentle] or rough*; 's mi 'cuimhneachadh d' fhallain sa Chèitean: *and I remember your mantle in May*; le 'seudan a' deàlradh: *with its jewels sparkling*; a' gabhail fòrladh air tìr: *taking leave on land*; 's mairg tha 'n-diugh feadh garbhlaich: *it's dismal today to be in rough terrain*; ri falbhan am measg fraoich: *wandering among heather*; air long nan cranna caol: *on a slim-masted ship*; a' faicinn nan seòl ùra ri sùgradh anns a'

ghaoith: *seeing the new sails making merry in the wind*; fhleasgaich òig, gur gòrach leam do chòmhradh anns an uair: *young man, your talk at this time is foolish to me*; an fhraoch-bheinn ghorm ga samhlachadh ri gleanntan glas a' chuain: *comparing the green heathery mountain to the grey troughs of the ocean*; gur tric is adhbhar caoinidh leam: *it is often a reason for me to weep*; air bhàrraibh garbh nan stuagh: *on the rough crests of the waves*.

Puing-chànain na Litreach: **'S e soitheach beag a bh' innte:** *she was a small vessel. You might have picked up here on what appears to be a disagreement of gender. Soitheach is a masculine noun so one might expect 's e soitheach beag a bh' ann', using the third person masculine singular prepositional pronoun ann 'in him' rather than the feminine form innte 'in her'. However, boats are generally treated as conceptually feminine so it is more natural to say 'innte' here.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: **Gum b' fheàrr a bhith** air bàrr nan tonn: ***better to be on the crest of the waves.***

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA